

Bòrd MG ALBA

Oifis MG ALBA, Steòrnabhagh

Diardaoin 28 Cèitean 2015, 1000-1300

Bòrd:	Magaidh Choineagan (sa Chathair)	Jo NicDhòmhnaill
	Dùghall MacAmhlaigh	Donaidh MacAmhlaidh
	Catriona Nic a' Phì	Alasdair MacCaluim
	Daibhidh Brew	
Luchd-obrach:	Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)	
	Niall M. Greumach (Stiùiriche Ionmhais) Chris Dòmhnallach (Stiùiriche Obrachaidh)	
	Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Leasachaidh & Co-bhanntachdan)	
	Màiri Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)	
An làthair:	Jim Boyle (Deloitte LLP)	Jamie MacIntyre (Deloitte LLP)
	Jenny Kearns (greis-gnìomhachais le MG ALBA)	

Chuir an Cathraiche fàilte air Jenny Kearns a tha air cùrsa GIFT (Gaelic Immersion for Teachers) aig Oilthigh Srath Chulaidh agus a tha a' dèanamh obair cola-deug còmhla ri MG ALBA. Chuir i cuideachd fàilte air Jim Boyle agus Jamie MacIntyre bho Deloitte, luchd-sgrùdaidh na buidhne. Chaidh a' chiad phàirt den choinneamh a chumail sa Bheurla.

1 Leisgeulan

Iain Caimbeul.

2 Gnothach Dearbhte

Jo NicDhòmhnaill – ag obair air prògram Stòras le Bees Nees Media; Catriona Nic a' Phì – ag obair air prògram Farpaisean Chon-chaorach le Mnetv; Alasdair MacCaluim – ag obair air

prògram mu thrèanaichean le Mactv, Leugh Mi le BBC Gàidhlig agus Fonn Fonn Fonn le Moja Ltd.

3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 27/3/15

Aontaichte.

4 Gnothaichean ag èirigh

Cha robh gin.

5 Fios bhon Chathraiche

Ri linn Iain Caimbeul a' leigeil dheth a bhallrachd air a' Bhòrd bho 30 Ògmhios, chaidh innse gun tèid Ball ùr a chuir an gnìomh ainmichte le Bòrd na Gàidhlig. Tha aig an t-suidheachadh seo a dhol tro Oifis na h-Alba agus Oifis na h-Albainn. Thathas an dòchas gum bi am Ball ùr aig coinneamh a' Bhùird air 26/8/15.

Chaidh còmhraidh a dhèanamh mun t-suidheachadh ùr poilitigeach. Chaidh aontachadh gu robh e cudromach gun deigheadh còmhraidhean a chuir air dòigh cho luath 's a ghabhas le am measg eile Daibhidh Mundell BP, Rùnaire na Stàite airson Alba. Feumar cuideachd ceangal làidir a chumail le Riaghaltas na h-Alba agus dèanamh cinnteach gu lean an taic-airgid de £1m a bharrachd a thathas a' faighinn bho DCMS, co-dhiù suas gu àm ùrachaidh a' Chairt Rìoghail.

6 Fios bho Chathraiche Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

Chaidh aithris a dhèanamh air a' choinneamh a chaidh a chumail air 13/5/15. Chaidh taing a' Bhùird a bhuileachadh air Cathraiche na Comataidh airson a chuid obrach dìcheallach agus mionaideach.

7 Fios bho Chathraiche Comataidh Inbhean

Chaidh innse gun deach a' choinneamh a bhathas an dùil a chumail air 27/5/15 a chuir dheth gu 9/6/15.

8 Cunntasan bliadhnail

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh an Stiùiriche Ionmhais tro na cunntasan. Dh'innis e mu atharrachaidhean a chaidh a mholadh le Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 13/5/15.

Chaidh bruidhinn mu fhiachan a' BhBC gu MG ALBA airson 12 uairean de rugbaidh a chaidh a choimiseanadh le MG ALBA ach a chraoladh air BBC2 Scotland. Dheigheadh mìneachadh a chuariteachadh air buill air mar a bhathas an dùil an teachd-a-steach sin a chosg. **(Gnìomh: NMG).**

Chaidh a chomharrachadh gun deach aontachadh aig Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh gur e tuarastail an Àrd-Oifigeir a-mhàin a dheigheadh fhoillseachadh.

Chaidh aontachadh gum biodh e iomchaidh na briathran ann an nota 15 atharrachadh. Chaidh ùghdarras a thoirt don Chathraiche na briathran aontachadh an dèidh na coinneimh.

Agus leis a' chùmhnaidh sin, chaidh aonta a' Bhùird a thoirt do chunntasan na bliadhna 2014/15.

9 Aithisg an Luchd-sgrùdaidh

Thug Jamie MacIntyre taing às leth Deloitte airson a bhith an làthair. Dh'innis e gun do choinnich iad ri Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 13/5/15 far an deach puingeann an togail agus an deasbad. Thug e taing do MG ALBA airson an cuid taic.

Chaidh Jim Boyle tro Aithisg an Luchd-sgrùdaidh gus na cunnartan as motha a chomharrachadh, mar a chaidh an deasbad aig Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 13/5/15. Chaidh taing a thoirt don sgioba ionmhais airson an cuid taic agus càirdeas.

Bha an luchd-sgrùdaidh toilichte gu robh a h-uile dad mar bu chòir.

Chaidh taing a' Chathraiche a bhuileachadh air an Stiùiriche Ionmhais airson a thaic agus obair dhìcheallach agus sgileil tro na bliadhnaichean.

10 Aithisg Bhliadhnail 2014/15

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus chaidh na diofar earrainnean den aithisg a dheasbad. Chaidh atharraichean a dhèanamh air an teacsa aig a' choinneamh, agus an dèidh ath-leughadh a bhith air a dhèanamh air, bha am Bòrd riarachta leis.

11 Aithisg bhliadhnail nan Comataidhean

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus thug Cathraiche na Comataidh iomradh air. Thug e barantas don Bhùird gu robh smachdan iomchaidh an àite agus gu bheil prìomh chunnartan na buidhne air an làimhseachadh gu h-iomchaidh.

Chaidh clàr-obrach na Comataidh airson 2015/16 aontachadh.

Comataidh Inbhean

Dheigheadh coinneamh a chumail air 9/6/15 far an deidheadh beachdachadh air Clàr-obrach na Comataidh, agus nochdadh a' phuing seo air clàr-gnothaich na h-ath choinneimh. (**Gnìomh: MAMI**).

12 Measadh Chunnartan

Bha pàipear air beulaibh Bhall a' mìneachadh nan cunnartan as motha agus thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air. Bha Buill riarachta leis an ùrachadh a chaidh a dhèanamh air. Dheigheadh sùil a thoirt air cunnartan eile aig an ath choinneamh den Bhòrd.

13 Aithisg an Àrd-Oifigeir

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus thug an t-Àrd-Oifigeir iomradh air. Fon cheann mu àireamhan luchd-amhairc, chaidh aontachadh coimhead ri trends na seanailean eile agus an iPlayer gus dèanadas ALBA a thomhas ann an co-theacsa seanailean eile. **(Gnìomh: DC)**

A thaobh nam molaidhean a bha air beulaibh Bhall, seo mar a chaidh aontachadh:

- Plana Obrachaidh bliadhnail – cothrom poblach deasbad a chumail

Chaidh aontachadh gum biodh conaltradh poblach le luchd-ùidhe ann gach turas a bhiodh molaidhean susbainteach, ro-innleachdail agus ùr ann mu Phlana Obrachaidh bliadhnail na buidhne, mus deigheadh am Plana mu choinneamh Ofcom.

- Amas air 50:50 boireann is fireann air a' Bhòrd

Chaidh aontachadh gu bheil am bòrd a' cur fàilte air co-ionannach gnèith agus gum bi ceumannan a dh'ionnsaigh sin cudromach fhad 's a thathas mothachail gu bheil sgilean dhaoine, comas Gàidhlig nas measg, nas cudromaiche na gnè. Chan fheum sgrìobhadh gu h-oifigeil gu Ofcom, a tha mu thràth mothachail air poileasaidhean an riaghaltas a thaobh gnèith.

- Buill pàirtiche eadar aois 16 agus 25

Chaidh còmhradh a chumail mu cho cudromach 's a tha e daoine òga a bhrosnachadh agus an trèanadh. An toiseach, feumar dealbhachadh ro-innleachd airson òigrìdh agus feumar dòighean conaltraidh agus co-obrachaidh a thoirt gu bith.

Chaidh aontachadh plana a chuir mu choinneamh a' Bhùird san Lùnastal air ciamar a thèid a' chùis seo a leasachadh. **(Gnìomh: DC)**. Nuair a bhiodh seo dèante, thigeadh fuasgladh air a' cheist mu riochdachadh dhaoine òga air a' Bhòrd.

- 'Zero hours'

Chaidh aontachadh gum biodh e feumail fios a thogail bho luchd-solair MG ALBA an robh iad mothachail air am "Business Pledge" agus ag obair dha rèir.

- Investors in Young People – chaidh taic a chuir ri IiYP fhad 's a bhiodh cosgais reusanta agus fhad 's a dheigheadh coimhead air na diofar ro-innleachdan a dh'fhaodadh a bhith ann airson òigridh. **(Gnìomh: DC)**

14 Aithisg Slàinte & Sàbhailteachd

Bha Aithisg Bhliadhnail Slàinte & Sàbhailteachd a rèir reachdas air beulaibh Bhall agus thug an Stiùiriche Obrachaidh iomradh air. Dh'innis e gu robh Comhairliche Slàinte agus Sàbhailteachd toilichte gu robhas a' coileanadh ar dleastanasan agus àrd amasach sna dleastanasan sin. Chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a bha e gun deigheadh fire evacuation a dhèanamh. **(Gnìomh: CMD).**

Bha am Bòrd riarachaid le cùisean.

15 Aithisgean air leth

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus thug an Stiùiriche Ionmhais iomradh air.

Bho Riaghailt A.4.5 san Riaghailtean Ionmhasail, agus le moladh a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhadh air 13/5/15, chaidh aontachadh le atharrachadh buidseit 2014/15 mar a leanas:

- Buidseat a bharrachd airson prògraman telebhisein £244k
- Buidseat a bharrachd airson prògraman rèidio £53k
- Air a mhaoineachadh le airgead deireadh bliadhna bho Riaghaltas na h-Alba.

16 Co-chomhairle – Fianais & Freagairt: dreachd phàipear airson foillseachadh

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus thug an Stiùiriche Leasachaidh iomradh air.

An dèidh deasbaid, bha Buill riarachaid gun deigheadh atharrachaidhean a dhèanamh air agus gun deigheadh fhoillseachadh an cois na h-aithisg bhliadhnail.

17 Lèirsinn 2020 – Amasan agus Ro-innleachd MG ALBA airson na meadhanan Gàidhlig: dreachd phàipear airson foillseachadh

Bha dreachd phàipear air beulaibh Bhall agus thug an Stiùiriche Leasachaidh iomradh air. An dèidh deasbaid, bha Buill riarachaidh gun deigheadh atharrachaidhean a dhèanamh air agus gun deigheadh fhoillseachadh an cois na h-aithisg bhliadhnail, no aig àm freagarrach eile.

18 Ro-innleachd eadar-nàiseanachaidh

Bha dreachd phàipear air beulaibh Bhall agus thug an Stiùiriche Leasachaidh iomradh air. An dèidh deasbaid, bha Buill riarachaidh gun deigheadh atharrachaidhean a dhèanamh air agus gun deigheadh fhoillseachadh an cois Lèirsinn 2020.

19 Conaltradh le luchd-ùidhe

Bha pàipear air beulaibh Bhall agus thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air. Chaidh aontachadh gu robh e cudromach gun deigheadh còmhraidhean a chumail le gach pàrtaidh politigeach. Chaidh aontachadh gun deigheadh deitichean a chuir ris a' phàipear gus sealltainn cuin a bhathas an dùil coinneachadh ris an luchd-ùidhe. Chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a bha e gun deigheadh còmhraidhean a chumail le Rùnaire na Stàite airson Alba a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gu faighear an £1m gach bliadhna suas gu ùrachadh a' Chairt Rìoghail .

25 GISBE

Chaidh còmhradh a chumail mun luchd-sgrùdaidh, Deloitte, fhastadh airson bliadhna eile. Dh'aontaich am Bòrd Deloitte fhastadh airson 2015/16.

Chaidh aontachadh gun deigheadh sinteas a thoirt a-mach airson iris Broadcast airson Buill.

(Gnìomh: MAMI)

Chaidh meal-an-naidheachd a chuir air Purple TV agus Media Coop a bha air duaisean a ghèidheadh aig duaisean RTS. Chaidh aontachadh seo a chomharrachadh. **(Gnìomh: MAMI)**

Chaidh fiosrachadh mionaideach air cleachdaidhean an Iplayer a chuirteachadh.

Chaidh aontachadh rannsachadh BARB a chuirteachadh gus faicinn ciamar a bha seanailean eile gan coimhead. **(Gnìomh: MAMI)**